

A mhic na circe topanich Son of the crested hen

Ruidle

Rann 1

A mhic na circe topanich, gum cuirinn anns a' bhrochan thu,
Son of the crested hen, I would put you in the gruel,

A mhic na circe topanich, gum òlainn deoch dhe d'eanraich,
Son of the crested hen, I would drink a drop of your broth

A mhic na circe topanich, a' ruidil mar an gocaman,
Son of the crested hen, challenging like the watchman

A mhic na circe topanich, gum bogainn anns a' chàl thu.
Son of the crested hen, I would steep you in the kale.

Rann 2

Gun deanainn mhìge mhàga ort, 's gum cuirinn anns a' chàl thu,
I would make a mockery of you, and I would put you in the kale,

Gun deanainn mhìge mhàga ort, 's gum òlainn deoch dhe d'eanraich,
I would make a mockery of you, and I would drink a drop of your broth

A mhic na circe topanich, gum bogainn anns a' chàl thu,
Son of the crested hen, I would steep you in the kale

A mhic na circe topanich, gum òlainn deoch dhe d'eanraich.
Son of the crested hen, I would drink a drop of your broth

Rann 3

A' ruidil air do spàgan, gum deanainn mhìge mhàga ort!
Sifting with your claws I would make a mockery of you,

'S gum cuirinn anns a' bhrochan thu, 's i sin an deoch a b' àill leam,
And I would put you in the gruel, that is the drink that I desire

Gun deanainn mhìge mhàga ort, is sguiridh tu bhith stàtail,
I would make mockery of you, and you will stop being stately

A mhic na circe topanich, chan fhuirich mi ri d' fhagail.
Son of the crested hen, I cannot wait to be rid of you

Rann 4

Gun deanainn mhìge mhàga ort, 's gum cuirinn anns a' chàl thu,
I would make mockery of you, and I would put you in the gruel,

Gun deanainn mhìge mhàga ort, 's gum òlainn deoch dhe d'eanraich,
I would make a mockery of you, and I would drink a drop of your broth

A mhic na circe topanich, gum bogainn anns a' chàl thu,
Son of the crested hen, I would steep you in the kale

A mhic na circe topanich, gum òlainn deoch dhe d'eanraich.
Son of the crested hen, I would drink a drop of your broth.

mhic - son; **circe** - hen;
topanich - crested;
cuirinn - I would put;
bhrochan - gruel;
òlainn - I would drink;
deoch - a drop;
eanraich - broth; **ruidil** - sifting, searching, challenging; **gocaman** - sentry, watchman;
bogainn - I would steep; **chàl** - kale, cabbage;

deanainn I would make; **mhìge mhàga** - object of derision;

spàgan - claws;

's i sin - it is that; **b' àill** - would be desirable;
leam - with me;
sguiridh - will stop;
stàtail - stately;
fhuirich - wait;
d' fhagail - your leaving;